




# Ted Dearg

## air an tràigh



An teacs a Geraldine Kaye • Dealbhan Jan Brychta

# Ted Dearg air an tràigh



An teaca Geraldine Kaye  
Dealbhan Jan Brychta  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill



Bha teadaidh dearg aig Màiri.

'S e Ted Dearg a bh' aice air.

Aon là chaidh Mamaidh, Dadaidh,  
Màiri agus Sam chun a' chladaich.



“Nach cluich sinn san lòn seo?”

thuirt Sam.

Chuir Màiri Ted Dearg air creig.



Chunnaic cù Ted Dearg.  
Rug e air Ted Dearg agus  
ruith e air falbh leis.



Chunnaic Mamaidh an cù.

Fhuair i Ted Dearg.

“Cuir Ted Dearg an seo,” thuirt Dadaidh.



Bha Ted Dearg air a' chreig.  
Rug faoileag air Ted Dearg agus  
dh'fhalbh i leis.



Chaidh an fhaoileag suas agus suas.  
Thug i Ted Dearg gu a nead.  
Chuir i e dhan nead.





Ach cha robh na h-iseanan ag iarraidh  
Ted Dearg.

Thog an fhaoileag Ted Dearg a-mach  
às an nead.




Chaidh an fhaoileag sìos agus sìos.  
Chaidh i sìos dhan mhuir.



Thuit Ted Dearg dhan mhuir.

“O! O!” thuir Sam.

“Tog Ted Dearg a-mach às a’ mhuir!”



Thog Màiri Ted Dearg a-mach às a' mhuir.  
“Chan fhaod thu cluich sa mhuir,” thuirt i.



“Faodaidh tu cluich an seo,” thuirt Màiri.